



Teisteanas Nàiseanta
PÀIPEAR SAMPAILL A-MHÀIN

EP772/H/11

Eachdraidh

Ceann-latha - Neo-iomchaidh

Fad - 2 uair a thìde agus 20 mionaid

Comharran iomlan – 60

ROINN 1 – ALBANNACH – 20 comharra

Feuch AON Phàirt

ROINN 2 – BREATAINN – 20 comharra

Feuch AON cheist bhon Phàirt a thagh thu

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL – 20 comharra

Feuch AON cheist bhon Phàirt a thagh thu

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



ROINN 1 – ALBANNACH

Feuch AON Phàirt

PÀIRTEAN

- | | | |
|----|--|-------------|
| A. | Cogaidhean Saorsa na h-Alba, 1249–1328 | Duilleag 3 |
| B. | Linn an Ath-Leasachaidh, 1542–1603 | Duilleag 5 |
| C. | Co-chòrdadh an Aonaidh, 1689–1740 | Duilleag 7 |
| D. | Imrich is Ìmpireachd, 1830–1939 | Duilleag 9 |
| E. | Buaidh a’ Chogaidh Mhòir, 1914–1928 | Duilleag 11 |

ROINN 2 – BREATAINN

Feuch aon cheist bhon Phàirt a thagh thu

PÀIRTEAN

- | | | |
|----|---|-------------|
| A. | Eaglais, Stàit agus Comann Fiùdalach, 1066–1406 | Duilleag 13 |
| B. | Linn nan Tionndaidhean, 1603–1702 | Duilleag 13 |
| C. | Malairt Thràillean An Atlantaig | Duilleag 13 |
| D. | Breatainn, 1851–1951 | Duilleag 14 |
| E. | Breatainn is Èirinn, 1900–1985 | Duilleag 14 |

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

Feuch aon cheist bhon Phàirt a thagh thu

PÀIRTEAN

- | | | |
|----|---|-------------|
| A. | Cogaidhean na Croise, 1071–1204 | Duilleag 15 |
| B. | Ar-a-mach Ameireaganach, 1763–1787 | Duilleag 15 |
| C. | Ar-a-mach na Frainge, gu 1799 | Duilleag 15 |
| D. | A’ Ghearmailt, 1815–1939 | Duilleag 16 |
| E. | An Eadailt, 1815–1939 | Duilleag 16 |
| F. | An Ruis, 1881–1921 | Duilleag 16 |
| G. | SAA, 1918–1968 | Duilleag 17 |
| H. | Rèite agus an Rathad gu Cogadh, gu 1939 | Duilleag 17 |
| I. | An Cogadh Fuar, 1945–1989 | Duilleag 17 |

Pàirt A – Cogaidhean Saorsa na h-Alba, 1249–1328

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus feuch na ceistean a leanas.

Stòr A: bho Còrdadh Bhirgham (1290).

An dèidh beachdachadh air sìth is ciùineas na dà rìoghachd agus ann a bhith a' dèanamh sin bu chòir co-chàirdeas leantainn eadar ar daoine, tha sinn air ceadachadh ann an ainm ar tighearna gun tèid còraichean is saorsa is cleachdaidhean na h-Alba a dhìon gu h-iomlan. Tha sinn a' gealltainn gun tèid rìoghachd na h-Alba a chumail air leth is roinnte bho rìoghachd Shasainn agus gum bi i saor is neo-eisimeileach. Tha sinn a' ceadachadh nach tèid toirt air prìomh mhàladair sam bith a th'aig rìgh na h-Alba a dhol taobh a-muigh na rìoghachd airson ùmhlachd no tairiseachd a dhèanamh. Cha tèid pàrlamaid a chumail taobh a-muigh na rìoghachd no crìochan na h-Alba. Cha tèid toirt air neach sam bith ann an rìoghachd na h-Alba freagairt a thoirt taobh a-muigh na rìoghachd airson aonta sam bith a chaidh a thoirt, no airson eucoir sam bith a chaidh a dhèanamh a tha an aghaidh laghan is cleachdaidhean na rìoghachd sin.

Stòr B: bho G.W.S. Barrow, Robert Bruce (1988).

Sheall cùrsa iomlan nan co-rèiteachaidhean a lean gu aonta a' phòsaidh rin canar Còrdadh Bhirgham gun robh uallach air an luchd-cùraim gus nach dèanadh iad càil a dh'fhaodadh milleadh a dhèanamh air "còraichean" no treibhdhìreas na h-Alba. B'e Còrdadh Bhirgham àrd-phuing coileanaidh an luchd-cùraim is na coimhearsnachd. Bha an còrdadh a' dèanamh dealbh de dhà rìoghachd fhiùdalach, Sasainn agus Alba, air an riaghladh air leth ach ann an co-chòrdadh le rìgh is bànrìgh. Chan fheum prìomh mhàladairean Crùn na h-Alba ach ùmhlachd a dhèanamh a-mhàin airson an cuid fearainn ann an Alba. Cuideachd, chan fheum daoine ann an Alba a tha fo chasaid airson eucoir no air an toirt gu cùirt freagairt a thoirt ann an cùirt taobh a-muigh an dùthcha fhèin. Fhuair an còrdadh moladh mar sgrìobhainn staitearachdail is gràdh-dùthchail glic ach bha subhailc eile aige. B'e a bh' ann ach sgrìobhainn faiceallach, dideanach.

Stòr C: bho leabhar tràth-eachdraidh Walter à Guisborough, 1296.

Fad an latha ud agus an ath latha bha ar rìgh a' feitheamh ri bùirdeasaich Bhearaig a thighinn gu sìth ach chan aontaicheadh iad ris an t-sìth a bha e a' tabhann. Nuair a chaidh sin innse dhan rìgh againn a bha a-muigh san achadh thug e òrdugh dhaibh na dùdachan a sheirm agus a dhol a-steach dhan bhaile. Nuair a chaidh seilbh fhaighinn air a' bhaile mharbh iad còrr is 8,000 den nàmhaid. Air an aon latha ghéill na fir làidir a bh'ann a' ghearastan a' chaisteil. Chùm an rìgh an caiptean aca, Iarla Uilleam Dùghlas na phrìosanach gu deireadh a' chogaidh. Thug e cead dha 200 fear a bha còmhla ris an saorsa fhaighinn len cuid armachd, an dèidh dhaibh bòidean a thoirt dha nach togadh iad làmh na aghaidh no an aghaidh Rìoghachd nan Sasannach.

ROINN 1 – ALBANNACH (a' leantainn)

Stòr D: bho Richard Oram, *The Kings and Queens of Scotland* (2006).

Bha Raibeart luath a' gabhail brath air Blàr a' Bhonnaich. Sa phàrlamaid san t-Samhain fhuair e buaidh air na dùbhланаich a bh'air fhàgail ann an Alba agus ghabh e seilbh air an cuid fearainn ann an Alba. Thug seo goireasan farsaing dha len duaisicheadh e a luchd-taic gus an gleidheadh e an dilseachd. Gheuraich Raibeart cuideachd ionnsaighean air ceann a tuath Shasainn, an dà chuid, a' sireadh airgead, agus airson toirt air Eideard II aithne a thoirt dha rioghachadh Bhrus ann an Alba neo-eisimeileach. Ann an 1323 dh'fheuch Brus ri sìth fhaighinn dha Alba a bha claidhte le cogadh. Ach air sgàth diùltadh rìgh Shasainn Alba a thoirt seachad b'fheudar dha Raibeart aontachadh ri fosadh fada mì-shaorsainneil ann an 1323. Dh'obraich Raibeart gu cruaidh airson oighreachd an ìre mhath seasmhach fhaighinn dha mhac. Bha co-dhèan ùr a chaidh aontachadh ris an Fhraing ann an 1326 na phàirt dhen seo, ach b'e sìth iomlan eadar Sasainn is Alba neo-eisimeileach an t-amas deireannach aige fhathast.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

1. Dèan coimeas eadar na beachdan a th' ann an **Stòran A** agus **B** mu oidhirpean nan Albannach an neo-eisimeileachd a dhìon tro Chòrdadh Bhirgham. 5

Coimeas an susbaint gu h-iomlan is gu mionaideach.

2. Dèan luachadh air feumalachd **Stòr C** mar fhianais air an dàimh eadar John Balliol agus Eideard I. 6

Ann a bhith a' toirt breith bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
 - *tùs is adhbhar an stòir*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' eòlas fhèin*

3. Dè cho math 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh nan adhbharan airson soirbheachadh deireannach Bhrus ann a bhith a' gleidheadh neo-eisimeileachd na h-Alba? 9

Cleachd an stòr agus d' eòlas fhèin.

[Nise gluais gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag a tri-deug*]

ROINN 1 – Albannach – 20 comharra

Pàirt B – Linn an Ath-Leasachaidh, 1542–1603

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus feuch na ceistean a leanas.

Stòr A: bho Còrdadh Dhùn Èideann, 1560.

Ann an Dùn Èideann air 6 Iuchar 1560, chaidh na cumhachan a leanas aontachadh eadar An Fhraing agus Sasainn. Tarraingidh feachdan armailteach gach pàrtaidh a-mach à rìoghachd na h-Alba. A thuilleadh air sin thig obair chogaidh ann an Sasainn, Èirinn is sa Chuimrigh gu ceann. Agus seach gur ann leis a' Bhànrigh Ealasaid le còir a tha rìoghachdan Shasainn agus Èirinn, chan fhaodar neach eile a ghairm, a sgrìobhadh no ainmeachadh mar rìgh no bànrigh Shasainn no Èirinn. Mar sin tha e air aontachadh gun sguir Rìgh Francis agus a' Bhànrigh Màiri a' cleachdadh tiotalan no suaicheantasan Rìoghachdan Shasainn no Èirinn. Agus coileanadh Rìgh Francis agus a' Bhànrigh Màiri na nithean sin uile a bhuilich an riochdairean air uaislean is sluagh na h-Alba ma choileanas is ma chumas uaislean is sluagh na h-Alba gach nì a bh' anns na cùmhnantan is na h-artaigilean sin.

Stòr B: bho Rosalind K. Marshall, *John Knox* (2000).

Chaochail Màiri Guise goirid an dèidh meadhan oidhche air 11 Ògmhios 1560. Bha Ealasaid I mu thràth air Uilleam Cecil a chur dhan Chaisteal Nuadh a bharganachadh ri tosgairean Frangach agus ghluais e a-nis gu Dùn Èideann. Chaidh fosadh aontachadh eadar Sasainn agus An Fhraing agus chaidh Còrdadh Dhùn Èideann a shoidhnigeadh air 6 Iuchar. Chuir am prìomh chumha an cèill gum feumadh saighdearan coigreachail uile Alba fhàgail. Bho seo a-mach sguireadh Francis II agus Màiri, Bànrigh na h-Alba a dh'fhoillseachadh suaicheantas Shasainn còmhla ri suaicheantas na h-Alba. Seach gun robh na h-Albannaich air an ùmhachd is an dìlseachd a chur an cèill gu deònach is gu saor-thoileach dhan rìgh is dhan bhànrigh Chrìosdail, choileanadh Francis agus Màiri an dleastanasan sa chòrdadh. Dheigheadh gach nì co-cheangailte ri creideamh a chur gu pàrlamaid na h-Alba. An dèidh dhan chòrdadh a bhith air a shoidhnigeadh chum Iain Knox seirbheis thaingeachd ann an St Giles.

Stòr C: bho Sir James Melville, *The Murder of Riccio*, 9 Màrt 1566.

Fhuair Riccio dreuchd rùnaire dha Màiri, agus ghlac e aire a mòrachd; dh'adhbhraich seo uimhir a dh'fharmaid is a dh'fhuath agus nach robh cuid de na h-uaislean a' gabhail gnothach sam bith ris. Chomhairlich mi e, nuair a bha na h-uaislean an làthair, urram a thoirt dhaibh. Ach 's dòcha gun tug an rìgh, Darnley, cead ro luath seachad airson murt Riccio, a bha Iarlan Morton, Ruthven, Lindsay agus cuid eile air a dhealbh gus am biodh iad fhèin nam maighstirean cùirte is gum biodh iad a' cumail pàrlamaid. Nuair a nochd na murtairean ghreimich Riccio air a' bhànrigh agus ghlaodh e airson tròcair; ach tharraing Seòras Dùghlas biodag an rìgh is shàth e ann i. Bha e a' sgrìachail is ag èigheachd agus chaidh a shlaodadh air falbh bhon bhànrigh nach b' urrainn a chumail sàbhailt. Chaidh a shlaodadh dha aindeoin a-mach às an rùm agus a mhurt.

ROINN 1 – ALBANNACH (a' leantainn)

Stòr D: bho Ian B. Cowan, *The Scottish Reformation* (1982).

Bha an com-pàirteachas eadar an eaglais is an sluagh ann an Alba an dèidh an Ath-Leasachaidh gu tur eadar-dhealaichte bho mar a bha e ron Ath-Leasachadh. B' e an rud bu shònraichte mun dàimh ùir seo eud chràbhaidh co-cheangailte ri taic dhaingeann airson Clèireachd. Ann an seagh, bha dreuchd na h-eaglaise sa choluadair air lùghdachadh gu mòr seach gun robh cumhachdan saoghalta a' gabhail dleastanasan os làimh a bha roimhe ann an raon na h-Eaglaise Caitligiche. Bha an còir a bh' aig coitheanal am ministear fhèin a ghairm air agradh ann an Dara Leabhar an Teagaisg. Mar thoradh air an Ath-Leasachadh bha an t-àite bh' aig ceòl ann an seirbheisean na h-eaglaise is ann am beatha an t-sluaigh dol a dh'fhuiling. Bha nàdar na h-eaglaise air a stèidheachadh an dèidh an Ath-leasachaidh nuair a thug suidheachaidhean poilitigeach is eaconamach air na leasachairean soirbheachail gabhail ri beachd iochdmhor a thaobh riochdairean an t-seann chreideimh.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

4. Dèan coimeas eadar na beachdan ann an **Stòran A agus B** mu na h-atharrachaidhean a thug Còrdadh Dhùn Èideann a-steach ann an 1560. 5
- Coimeas an susbaint gu h-iomlan is gu mionaideach.*
5. Dèan luachadh air feumalachd **Stòr C** mar fhianais air na duilgheadasan a bh' aig Màiri ann an riaghladh na h-Alba. 6
- Ann a bhith a' toirt breith bu chòir dhut iomradh a thoirt air:*
- *tùs is adhbhar an stòir*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' eòlas fhèin*
6. Dè cho math 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh buaidh an Ath-Leasachaidh air Alba? 9
- Cleachd an stòr agus d' eòlas fhèin.*

[Nise gluais gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag a tri-deug*]

ROINN 1 – ALBANNACH– 20 comharra

Pàirt C – Còrdadh an Aonaidh, 1689–1740

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus feuch na ceistean a leanas.

Stòr A: bho Christopher A. Whatley, *The Scots and the Union* (2007).

Ann an 1690an bha Alba air a dhol thar sloc eaconamach a bha gu buaidh dhomhainn phoilitigeach a thoirt air eachdraidh na dùthcha. Am measg nan nithean sin bha uair is uair nuair a dh'fhàilnig am bàrr agus buaidh cogadh Shasainn an aghaidh caraid Alba, An Fhraing, gu sònraichte call millteach malairt ris an Fhraing. Chuir cisean dìon dhùthchannan thall-thairis casg air às-mhalairt cuid de bhathar Albannach. Mu dheireadh thàinig lèir-sgrìos Darien, sgeama adhartail na h-Alba gus coloinidh a stèidheachadh ann an Ameireaga a Deas. Mar a thachair, b' e a' bhuil - aig a' cheann thall - aonadh a cho-cheangal ri Sasainn, ach dh'fhaodadh na deich bliadhna de chàs toradh tur eadar-dhealaichte a bhith air a thoirt gu buil.

Stòr B: bho Daniel Defoe, *History of the Union* (1709).

Bho Aonadh nan Crùintean ann an 1603, bha na h-Albannaich air leth mothachail mu mar a bha staid eaconamaidh na dùthcha aca ag ìsleachadh. Cuideachd, bha iad mothachail air a' mhilleadh lèirsinneach co-cheangailte ri malairt agus beairteas sluagh na dùthcha. Bha seo gu soilleir air sgàth nach robh ministearan na h-Alba an làthair sa chùirt ann an Lunnainn, mì-chothroman chùisean agus buaidh nan Sasannach thairis air an rìghrean. Bha e a' cheart cho soilleir gum b' e co-cheangal aonaidh is caidreachas le Sasainn aon dòigh dha na h-Albannaich air iad fhèin ath-stèidheachadh. Gheibheadh malairt na h-Alba buannachdan tro chothroman saor gu margaidean Shasainn agus na h-impireachd. Gun aonadh co-cheangailte dh'fhuiricheadh eaconamaidh na h-Alba cugallach. Cha robh ann ach aonadh no tilleadh gun staid air leth mar a bh' aca roimhe.

Stòr C: bho athchuinge bho comhairle bhaile Sruighlea gu pàrlamaid na h-Alba, 18 Samhain 1706.

Tha sinn air beachdachadh air a' chùis mhòr mu aonadh na h-Alba is Shasainn mar a tha sin ann an artaigilean a' chòrdaidh. Tha sinn a' miannachadh sìth is càirdeas a tha fìor is leantainneach le ar nàbaidhean ann an Sasainn. Ach, tha sinn den bheachd gur e ar dleastanas dhan dùthaich is dhan phàrlamaid a bhith a' cur an cèill gum bi an còrdadh seo na sgrìos do ar gnìomhachas saothrachaidh, seach nach bi an saorsa ùr malairt a' cothromachadh eallach neo-iomchaidh nan cisean. Bheir an còrdadh bhuainn, agus bho na buirgh rìoghail eile, ar còir bunaiteach a bhith air ar riochdachadh gu reachdail. Mar sin, bidh seann dhùthaich, a bh' air a dìon cho fada is cho glòrmhoire le tìr-ghràdhaichean, air a claidh is ar pàrlamaid ghràdhach air a mùchadh agus bidh sinne fo eallach nach urrainn dhuinn fhulang; le toraidhean marbhtach air nach gabh smaoinichadh.

ROINN 1 – ALBANNACH (a' leantainn)

Stòr D: bho Paul Henderson Scott, *The Union of 1707* (2006).

'S e aon nì ìoranta mun aonadh nach do chuir e às dha Alba mar nàisean aig a' cheann thall; chùm i a h-ionannachd shònraichte fhèin, a seasamh fhèin is a beachdan, agus bha a dualchasan cho làidir is nach gabhadh an cur às gu furasta. San dòigh seo cha robh toraidhean a' chòrdaidh cho millteach is a dh'fhaodadh iad a bhith, ged a thug e buaidh làidir bheurlachd oirre. A dh'aindeoin sin thug na barantas gu siostam reachdail na h-Alba sa chòrdadh agus gun eaglais ann an Achd na Tèarainteachd barrachd buaidh air Alba na pàrlamaid cian Bhreatainn. Tha eachdraichean Sasannach is Albannach air a thighinn gun cho-dhùnadh gun robh leantainneachd siostaman foghlaim agus riaghladh ionadail na h-Alba nan euchdan cudromach dhan aonadh.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

7. Coimeas beachdan Stòran A agus B mu mar a bha dàimhean eadar Alba is Sasainn a' dol am mìosad eadar 1690 agus 1705. 5
- Dèan coimeas air an t-susbaint gu h-iomlan agus gu mionaideach.*
8. Dèan luachadh air feumalachd Stòr C mar fhianais air seasamh dhaoine co-cheangailte ri aonadh le Alba. 6
- Ann a bhith a' toirt breith bu chòir dhut iomradh a thoirt air:*
- *tùs is adhbhar an stòir*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' eòlas fhèin*
9. Dè cho math 's a tha Stòr D a' mìneachadh buaidh an Aonaidh suas gu 1740? 9
- Cleachd an stòr agus d' eòlas fhèin.*

[Nise gluais gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag a tri-deug*]

ROINN 1 – ALBANNACH– 20 comharra

Pàirt D – Imrich is Ìmpireachd, 1830–1939

Sgrùd na stòran gu h-ìosal agus feuch air na ceistean a leanas.

Stòr A: bho Iris Ràitheil an Àiteachais, 1832–34.

Chan eil leisg sam bith orm a bhith a' cur an cèill, gu bheil e, nam bheachd-sa, cho soilleir ris a' ghrèin aig meadhan latha, gu bheil tuathanach ann an Alba, a th' air tuathanas nach eil a' pàigheadh dha, sàraichte is mar a tha e, a' gleac bho mhoch gu dubh le dragh inntinne agus iomagain ga chlaoidh agus a dh'aindeoin sin gun chomas taic a thoirt dha theaghlach no an suidheachadh a leasachadh – tha mi ag ràdh gu bheil tuathanach a tha a' fuireach ann an Alba eadhon nuair nach eil cosnadh aige agus uimhir a thalamh airson a ghabhail thairis ann an Canada dìreach mar dhuine às a chiall. A dh'aithghearr cha bhi fearann saor ri fhaighinn sna h-àiteachan sin. 'S e an dòigh as fheàrr dha mo bhràithrean an seo an airgead a chur a-mach agus fearann, a tha ag àrdachadh ann an luach gach bliadhna, a cheannach.

Stòr B: bhon Scotsman, 20 Gearran 1923, “Emigration boom in the Hebrides”.

Thathas a' gabhail ùidh mhòr ann an sgeama riaghaltas Ontario gus fir is mnathan òga eadar 18 agus 23 bliadhna a chur air eilthireachd gu Canada. Tha an àidseant à Ontario air faighinn a-mach gum faodadh e an treas uimhir 's a tha e ùghdarraichte a ghabhail air sgàth, gun teagamh, staid ìosal na malairt ann an Leòdhas, dìth-cosnaidh sa chumantas agus neo-chomas thuathanaich acras nan teaghlach a riarachadh. Cho luath 's a thig iad gu tìr thèid cosnadh a lorg dha tuathanaich agus gheibh na boireannaich cosnadh air mhuinntireas. Tha am pàigheadh math oir gheibh daoine le eòlas aig an toiseach £5 gu £6 gach mìos. Faodaidh na fireannaich cuideachd a bhith a' coimhead ri seilbh fhaighinn air an tuathanasan fhèin aon uair eile.

Stòr C: air a thoirt bho eachdraidh-beatha Toni Jaconelli ann an *Our Glasgow Story*.

Dh'fhàg an teaghlach agam an Eadailt ann an 1921 airson obair ann an àite rin canar Alba. Dhòmhsa bha an sgoil uabhasach ach chòrd beatha na sgoile rim bhràthair Giacomo, ainm a chaidh a ghiorrachadh gu luath gu Jack. Bha e luath gu ionnsachadh is comasach an-còmhnaidh air sealltainn as a dhèidh fhèin. Uaireannan bhithinn-sa air mo chuartaich le clann-sgoile, ag èigheach rium seach gur e coigreach a bh' annam. Sgiùrs Jack iad agus sguir iad a chur dragh orm. Ghluais an teaghlach agam bho thaigh gu taigh corra uair ann an oidhirp leasachadh a thoirt air ar beatha. Ghabh m' athair obair sa ghniomhachas a bha an ìre mhath Eadailteach, a' dèanamh leacan terrazzo agus lean a' chuid mhòr de mo bhràithrean e dhan mhalairt sin. An ceann bliadhna no dhà chaill mi mo chainnt mhàthaireil gu tur agus thòisich mi a' bruidhinn le cainnt làidir Ghlaschu. Ann an ùine gun a bhith ro fhada bha mi nam fhìor bhalach Ghlaschu.

ROINN 1 – ALBANNACH (a' leantainn)

Stòr D: bho ed. T.M. Devine, *Irish Immigrants and Scottish Society in the Nineteenth and Twentieth Centuries* (1991).

Dh'atharraich in-imrich nan Èireannach a-steach a dh'Alba cothromachadh àireamh-sluaigh grunn bhailtean galltachd ach gu sònraichte Glaschu, Grianaig, Dùn Dèagh, Pàislig is Àrd Ruighe. Chaidh tionnsgalachd Alba a dhèanamh na b' fhasa oir bha cothrom aig fastaichean air stòras mhòr de chosnaichean Èireannach a bha, cha b' ann a-mhàin saor, ach a bha deònach a dhol a dh'àite sam bith is rud sam bith a dhèanamh airson obair fhaighinn. Bha sgeamaichean mòra togail na 19mh-linne nam bailtean is nan ròidean, nan rèilichean is nan docaichean a bha a' cur taic ri tionndadh gnìomhachas na h-Alba an urra ris an t-solar mhòr obrach seo. Tha làthaireachd nan Èireannach cuideachd riatanach airson tuigse fhaighinn air cultar na h-Alba oir bha pàirt mhòr aig na h-Èireannaich Chaitligeach is an sliochd ann am mean-fhàs is cumadh sòisealtas na h-Alba bho litreachas gu ceòl agus air adhart gu ball-coise. Ach bha mòran Albannaich a' faicinn nan Èireannach mar chunnart dha dòigh-beatha na h-Alba.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

10. Coimeas beachdan Stòran A agus B mu na h-adhbharan airson eilthireachd Albannaich a Chanada. 5
- Coimeas an t-susbaint gu h-iomlan is gu mionaideach.*
11. Dèan luachadh air feumalachd Stòr C mar fhianais air aonachadh in-imrichean ann an sòisealtas na h-Alba. 6
- Ann a bhith a' toirt breith bu chòir dhut iomradh a thoirt air:*
- *tùs is adhbhar an stòir*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' eòlas fhèin*
12. Dè cho math 's a tha Stòr D a' mìneachadh buaidh imrich is ìmpireachd air sòisealtas na h-Alba? 9
- Cleachd an stòr agus d' eòlas fhèin.*

[Nise gluais gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag a tri-deug*]

Pàirt E – Buaidh a’ Chogaidh Mhòir, 1914–1928

Stòr A: le John Jackson, *Private 12768: Memoir of a Tommy* (2004) a’ sgrìobhadh mu bhlàr Loos.

Bha an suidheachadh aig Cnoc 70 cudromach. Chaidh òrdugh a thoirt seachad airson an treas uair ionnsaigh a thoirt air a’ chnoc uabhasach ud, ach bha an nàmhaid ro lionmhor air ar son agus a-rithist thuit sinn air ais, bha sinn dha-rìribh airson cumail ri suaicheantas na rèisimeid: “Cha ghèill Camshronach gu bràth”. An uair seo bha sinn airson a dhol air adhart, no bàsachadh. Mar a bha am feasgar a’ dol air adhart rinn sinn oidhirp dheireannach buannachadh agus seilbh fhaighinn air an druim. Fhad ‘s a bha sligean a’ bualadh mu ar timcheall agus le seinn nam pìob chaidh ar stiùireadh le ar seann chòirnealair calma, gun armachd sam bith ach a’ bhata gu mullach Cnoc 70 tro theine mhurtail raidhfil is ghunnachan. Ràinig sinn am mullach ach bha sinn a-nise nar n-èiginn airson an neartachaidh a chaidh a ghealltainn dhuinn ach cuideachadh sam bith chan fhaiceadh sinn.

Stòr B: le Philip Gibbs, sgrìobhadair oifigeil Breatannach a’ chogaidh dhan *Daily Chronicle* sa Bheilg, a’ sgrìobhadh mu bhlàr Loos.

Mu 7:40, bha an dà bhràgad ionnsaigheach den 15mh Roinne air na trainnsichean fhàgail agus bha iad san fhollais. Bha sgal na pìoba os an cionn na bu sgairteile na sgreuch nan gunnachan, agus an uairsin chaidh na h-òrduighean a thoirt dhuinn. Bha aig na h-Albannaich ri ionnsaigh mhòr a thoirt agus dèanamh air an druim, le làn dhearbhadh gun gleidheadh a’ bhuidheann taice air an cùlaibh na bhuannaich iad. Le gealltanais air neartachadh ri thighinn shaothraich iad air adhart an aghaidh gunnachan na Gearmailt. An uairsin chaidh sàmhchair Cnoc 70 a bhriseadh le toiseach ionnsaigh ùr bho ghunnachan Gearmailteach. “Cumaibh a’ dol”, thuirt na h-oifigearan. “Feumamaid cumail oirnn ge bith dè a thachras gus an tig an neartachadh.”

Stòr C: bho *The Glasgow Herald*, 29 Dàmhair 1915.

Chaidh a’ chiad oidhirpean a dhèanamh feasgar an-dè ann an Sràid Merryland Baile Ghobhainn, airson na h-òrduighean fuadaich an aghaidh màladairean Ghlaschu a tha a’ gabhail pàirt sna “Stailcean Màil” a chur an gnìomh. Mar a tha cleachdte bho toiseach a’ ghluasaid an aghaidh màil àrdaichte, chaidh sluagh-fhianais den luchd-stailce a chumail aig an àm nuair a thàinig na h-òrduighean fuadaich gu bhith gnìomhach. Fhad ‘s a bha Mrs Barbour bho Chomann Thaigheadais Boireannaich Ghlaschu a’ bruidhinn ris an fheadhainn a bh’ air cruinneachadh, thàinig dithis oifigear siorraidh agus dh’fheuch iad ri faighinn a-steach dhan taigh. Cho luath ‘s a fhuair a-mach gun robh dùil am màladair a chur a-mach, thòisich an luchd-fianais a’ cur nan aghaidh. B’ e boireannaich a bh’ anns a’ chuid mhòr dhiubh agus thug iad ionnsaigh air na h-oifigearan is an luchd-cuideachaidh le min phreasach, flùr is cuidhteagan. Chaidh boireannach a chur an grèim air chasaid gun tug i ionnsaigh air aon de na h-oifigearan.

ROINN 1 – ALBANNACH (a' leantainn)

Stòr D: bho W. Hamish Fraser, *Scottish Popular Politics From Radicalism to Labour* (2000).

Sheall bliadhnaichean a' chogaidh nach robh taic airson riaghladh nàiseanta ann an Alba air lùghdachadh. B' e poileasaidh STUC iarraidh air a' phàrtaidh Làbarach phàrlamaideach taic a thoirt dha “gnìomhachadh Bile airson fèin-riaghladh ann an Alba”. Thug an aon spiorad nàiseantachais air Arthur MacEanraig agus ceannardan Làbarach ann an Lunnainn gèilleadh, dhan aindeoin, dha Comhairle Albannach Làbarach air leth le mòran fèin-riaghladh. Aig an aon àm rinn an cogadh lagachadh a bharrachd air buidheann Libearalachd na h-Alba ach cuideachd mòran den ùghdarras mhoralta aige. Bha innleachdan poilitigeach agus dìongmhaltas Lloyd George nach gabhadh e ri càil na bu lugha na gèilleadh neo-chùmhnantach na bhriseadh-dùil dha na h-eileamaidean bu fhreumhail. Bha Libearalachd ann am mì-rian fhad 's a nochd am Pàrtaidh Làbarach Neo-eisimeileach mar phàrtaidh-ionaid nàdarra dha radaigeachd adhartach libearalach.

Feuch na ceistean a leanas gu lèir.

13. Coimeas beachdan **Stòran A** agus **B** mu fiosrachadh Albannaich sa Bheilg. 5
Coimeas na stòran gu h-iomlan is gu mionaideach.
14. Dèan luachadh air feumalachd **Stòr C** mar fhianais air a' bhuidh a bh' aig a' chogadh air boireannaich na h-Alba. 6
Ann a bhith a' toirt breith bu chòir dhut iomradh a thoirt air:
 - *tùs is adhbhar an stòir*
 - *susbaint an stòir*
 - *d' eòlas fhèin*
15. Dè cho math 's a tha **Stòr D** a' toirt cunntas air buaidh a' chogaidh air leasachaidhean poilitigeach ann an Alba? 9
Cleachd an stòr agus d' eòlas fhèin.

[Nise gluais gu Roinn 2 a' tòiseachadh air *Duilleag a trì-deug*]

ROINN 2 – BREATAINN – 20 comharra

Pàirt A – Eaglais, Stàit agus Comann Feùdalach, 1066–1406

16. Dè an ìre gun robh an eaglais shaoghalta na bu chudromaiche na an eaglais riaghailteach sna Meadhan Aoisean? 20
17. Dè an ìre gun robh an fheum air leasachadh an eaconamaidh na phrìomh adhbhar airson meudachadh cumhachd bhunaiteach rìoghail ann an rìoghachadh Eanraig II ann an Sasainn? 20
18. Dè cho cudromach 's a bha am Bàs Dubh ann a bhith ag adhbhrachadh crìonadh a' chomainn fheùdalaich? 20

Pàirt B – Linn nan Tionndaidhean, 1603–1702

19. Dè an ìre gun robh duilgheadasan aig Teàrlach I a' riaghladh Alba? 20
20. Dè cho cudromach 's a bha dreuchd na pàrlamaid san fhàilnigeadh gus dòigh riaghlaidh eile a lorg eadar 1649 agus 1658? 20
21. Dè cho soirbheachail 's a dhèilig Rèite an Tionndaidh ann an 1688–1702 ri na prìomh chùisean eadar an crùn is a' phàrlamaid? 20

Pàirt C – Malairt Tràillean an Atlantaig

22. Dè cho cudromach 's a bha malairt nan tràillean ann an leasachadh eaconamaidh Bhreatainn san 18mh linn? 20
23. *Fhuair comainn Afraganach buannachd bho bhith an sàs ann am malairt thràillean.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
24. Dè an ìre gu robh crìonadh ann an cudromachd eaconamach malairt nan tràillean na phrìomh adhbhar airson cur às dha malairt nan tràillean? 20

ROINN 2 – BREATAINN (a' leantainn)

Pàirt D – Breatainn, 1851–1951

25. Dè an ìre gu faodar cunntas a thoirt air Breatainn mar dhùthaich gu tur deamocrataigeach ann an 1918? 20
26. Dè cho cudromach 's a bha sgrùdaidhean sòisealta Booth is Rowntree ann an co-dhùnadh an riaghaltais Libearalaich airson leasachaidhean sòisealta a thoirt a-steach ann an 1906–1914? 20
27. *Dh'fhàilnig leasachaidhean sòisealta riaghaltais Làbarach 1945–1951 ann a bhith a' dèiligeadh gu h-èifeachdach ri feumalachdan an t-sluaigh.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20

Pàirt E – Breatainn agus Èirinn, 1900–1985

28. *B' e crìonadh pàrtaidh nan Nàiseantach a' bhuaidh bu chudromaiche air Èirinn sa Chogadh Mhòr.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
29. Dè cho cudromach 's a bha pàirt De Valera ann a bhith ag adhbhrachadh tòiseachadh Cogadh Catharra na h-Èireann? 20
30. Dè an ìre gu robh poileasaidh Riaghladh Dìreach riaghaltais Bhreatainn na phrìomh chnap-starra gu sìth ann an Èirinn a Tuath eadar 1968 agus 1985? 20

[Nise gluais gu Roinn 3 a' tòiseachadh air *Duilleag a còig-deug*]

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL – 20 comharra

Freagair AON cheist

Pàirt A – Cogaidhean na Croise, 1071–1204

31. Dè an ìre gum b' e adhbharan cràbhaidh a' phrìomh nì a thug air Crìosdaidhean a dhol air Cogaidhean na Croise? 20
32. Dè cho cudromach 's a bha aonadh nan stàitean Ioslamach fo riaghladh Saladin ann a bhith ag adhbhrachadh tuiteam Ierusalaim ann an 1187? 20
33. *Aig àm a' Cheathramh Cogadh Croise ann an 1204, bha foirfeachd cogadh na croise marbh.*
- Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20

Pàirt B – Ar-a-mach Ameireagaidh, 1763–1787

34. *B' e Peanas Massachusetts a' phrìomh adhbhar airson gun thòisich ar-a-mach tìrichean Ameireagaidh an aghaidh riaghladh Bhreatainn ann an 1776.*
- Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
35. Dè an ìre gu robh Cogadh Saorsa Ameireagaidh cruinneil na nàdar? 20
36. *Dhèilig Bun-reachd Ameireagaidh gu soirbheachail ri na cùisean a dh'èirich tro riaghladh Bhreatainn.*
- Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20

Pàirt C – Ar-a-mach na Frainge gu 1799

37. Dè cho cudromach 's a bha gnìomhan Louis XVI mar adhbhar airson tòiseachadh Ar-a-mach na Frainge ann an 1789? 20
38. Dè cho cudromach 's a bha obair Robespierre mar adhbhar airson an Uabhais eadar 1792 agus 1795? 20
39. Dè an ìre gun d' fhuair an luchd-tuatha a' chuid bu mhotha bho Ar-a-mach na Frainge ann an 1799? 20

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL (a' leantainn)

Pàirt D – A' Ghearmailt, 1815–1939

40. *Ann an 1850, b' e glè bheag adhartas a bha nàiseantachd phoilitigeach air a dhèanamh sa Ghearmailt.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
41. Dè an ìre gu robh seasamh stàitean cèin cunntachail airson euchdan co-aonachadh na Gearmailt ann an 1871? 20
42. Dè cho cudromach 's a bha propaganda ann an gleidheadh cumhachd nan Nàsach eadar 1933 agus 1939? 20

Pàirt E – An Eadailt, 1815–1939

43. Dè an ìre gu robh beachd nàiseantachd air a dheagh stèidheachadh san Eadailt sna bliadhnaichean ro 1850? 20
44. *B' e toradh eadraiginn cèin a bh' ann an co-aonadh na h-Eadailt ann an 1870.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
45. Dè cho cudromach 's a bha cleachdadh propaganda ann an gleidheadh cumhachd nam Faisisteach san Eadailt eadar 1922 agus 1939? 20

Pàirt F – An Ruis, 1881–1921

46. Dè an ìre gu robh call armailteach sa chogadh le lapan cunntachail airson ar-a-mach 1905 san Ruis? 20
47. Dè an ìre gu robh mì-thoileachadh a' chlas-obrach na adhbhar airson Ar-a-mach a' Ghearrain ann an 1917? 20
48. *B' e buidheann an Airm Dheirg a' phrìomh adhbhar gun do bhuannaich na Deargaich an Cogadh Catharra.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20

ROINN 3 – AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL (a' leantainn)

Pàirt G – SAA, 1918–1968

49. Dè an ìre gu robh claon-bhàidh measail na phrìomh chnap-starra dha euchdan chòraichean catharra nan daoine dubha suas gu 1941? 20
50. *Dh'fhuasgail an New Deal trioblaidean Ameireagaidh anns na 1930an.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
51. Dè an ìre gu robh Glusad nan Còraichean Catharra a' coinneachadh ri feumalachdan Ameireaganaich dhubha suas gu 1968? 20

Pàirt H – Rèiteachadh agus an Rathad gu Cogadh gu 1939

52. Dè an ìre gu robh riaghaltasan Faisisteach a' cleachdadh aontachaidhean, cùmhnantan is caidreachasan armailteach nam poileasaidhean cèin bho 1933? 20
53. *B' e fìor fhàilnigeadh a bh' ann am poileasaidh cèin Bhreatainn ann a bhith a' cur casg air sgaoileadh ionnsaighean nam Faisisteach suas gun Mhàrt 1938.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
54. Dè an ìre gu robh tòiseachadh a' chogaidh san t-Sultain 1939 air adhbhrachadh leis a' chàs a bha a' fàs sa Phòlainn? 20

Pàirt I – An Cogadh Fuar, 1945–1961

55. *Bha taobh an Ear na Roinn Eòrpa an ìre mhath fo smachd an Aonaidh Shoibhietich sna bliadhnaichean suas gu 1961.*
Dè cho dligheach 's a tha a' bheachd seo? 20
56. Dè an ìre gu robh atharrachadh ann am beachd phoblach ann an SAA na adhbhar airson gun chaill Ameireaga an cogadh ann an Vietnam? 20
57. Dè an ìre gu robh neart eaconamach dùthchannan an Iar na phrìomh adhbhar airson crìoch a' Chogaidh Fhuair? 20

[DEIREADH SAMPALL A' PHÀIPEIR CHEISTEAN]